



### Raoir Reubadh an Iolaire

'S binn sheinn i, a'chailin  
An raoir ann an Leòdhas  
I fuineadh an arain  
Le cridhe làn sòlais  
Air choinneamh a leannain  
The tighinn air fòrlach  
Tigh'nn dhachaidh thuic tèaruint'  
Fear a gràidh

Tha 'n cogadh nis thairis  
'S a' bhuaidh leis na fiùrain,  
Tha nochd ri tigh'nn dhachaidh  
Tha'n Iolaire 'gan giùlan  
Chuir mòine mu'n tein' i  
'S an coire le bùirn air  
Ghràidh, chadal cha tèidear  
Gus an lò

Bidh iadsan ri 'g aithris  
'S bidh sinne ri 'g èisdeachd  
Ri euchdanaibh bhalach  
Na mara 's an fhèilidh  
'S na treun fhir a chailleadh  
A thuit is nach èirich  
O liuth'd fear deas, dìreach  
Chaidh gu làr

Cluinn osnaich na gaoithe!  
O, cluinn oirre sèideadh!  
'S ràn buairte na doimhne  
O 's maing tha, mo chreubhag  
Aig muir leis an oidhch' so  
Cath ri muir beucach  
Sgaoil, Iolaire, do sgiathaibh  
'S greas le m' ghràdh.

Ri 'g eirigh tha'n latha  
'S ri tuiteam tha dòchas  
Air an t-slabhraidh tha 'n coire  
Ri piobaireachd brònach  
Sguir i dhol chun an doruis  
'S air an teine chuir mòine  
Cluinn cruaidh fhead na gaoithe  
A ' caoidh, a'caoidh

Goirt ghuil i, a' chailin  
Moch madainn a màireach  
Nuair fhuair i 'san fheamainn  
A leannan 's e bàite  
Gun bhrògan mu chasan  
Mar chaidh air an t-snàmh e  
'N sin chrom agus phòg i  
A bhilean fuar

Raoir reubadh an Iolair  
Bàit' fo sgiathaibh tha h-àlach  
O na Hearadh tha tuireadh  
Gu ruig Nis nam fear bàna  
O nach tug thu dhuinn beò iad  
A chuain, thoir dhuinn bàit' iad  
'N sin ri do bheul cìocrach  
Cha bhi ar sùil

Bàrdachd le Murchadh MacPhàrlain

Bàrd Mhealaboist